

--	--	--	--	--	--

Grand  
TotalTotal Mark  
(Èisteachd)**X229/101**TEISTEANAS  
NÀISEANTA  
2010DICIADAIN, 2 ÒGMHIOS  
1.00 PM – 1.30 PMGÀIDHLIG  
MEADHAN ÌRE 1  
Roinn A: Èisteachd  
(Cesistean)

Na fosgail am pàipear seo gus an tèid iarraidh ort.

**Lòn na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhте gu h-iosal.**

Làn ainm sgoile no colaiste

--

Baile

--

Ciad ainm(ean)

--

Sloinneadh

--

Latha breith

Là Mios Bliadhna Àireamh an oilleanach

--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Àireamh an t-suidheachain

--

Tha 25 comharraighean anns a' phàipear seo.

Tha mionaid agad aig an toiseach airson na ceistean gu lèir a leughadh.

Tha mionaid agad aig toiseach gach pàirt den earrann airson na ceistean a leughadh.

Èist gu cùramach ri earrannan a chluinneas tu air CD no a thèid a leughadh dhut. Tha an earrann na dà phàirt.

Faodaidh tu notaichean a dhèanamh aig àm sam bith.

Leugh na ceistean airson Pàirt 1.

Cluinnidh tu Pàirt 1 dà thuras le dà mhionaid eadar gach turas.

Freagair na ceistean a chluinneas tu: sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.

Leugh na ceistean airson Pàirt 2.

Cluinnidh tu Pàirt 2 dà thuras, le dà mhionaid eadar gach turas.

Freagair na ceistean a chluinneas tu: sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.

Mus fhàg thu seòmar na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan.

Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraighean air fad a chall.



**Roinn A: Èisteachd**

**Uine: 30 mionaid**

**CEISTEAN**

**Pàirt 1**

1. Dè cho fad 's a tha Anna air a bhith measail air coin?

---

1

2. Ciamar a bhiodh i a' faireachdainn nuair a chitheadh i cuideigin a' coiseachd anns a' phàirc le cù?

Bhiodh i toilichte.	
Bhiodh an t-eagal oirre.	
Bhiodh farmad oirre.	

1

3. Dè fhuair i mar pheata nuair a bha i beag?

---

1

4. Dè thachair don pheata sin?

---



---

2

5. Carson nach robh a màthair airson cù fhaighinn dhi?

---



---

2

6. Carson a tha Anna den bheachd gun robh a màthair ceart?

---

1

7. Cuin a rinn i suas a h-inntinn cù fhaighinn?

---

1

8. Cò air nach do smaoinich i mus d' fhuair i cù?

Gum biodh e cho daor.	
Gum biodh obair mhòr na lùib.	
Gum biodh coin cho crosta.	

Comharaidhean

1

9. Dè bha i am beachd a dhèanamh a' chiad latha a chaidh i gu Ionad SSPCA?

---

---

2

10. Dè thachair an latha ud?

---

  

(13)

1

[Tionndaidh an duilleag

## CEISTEAN

Comharraidhean

### Pàirt 2

1. Cia mheud cù a bha anns an ionad uile gu lèir?

---

1

2. A rèir Anna, dè bha an cù mòr geal ag iarraidh?

---

1

3. Carson nach robh an cù seo freagarrach?

---



---

2

4. Ciamar a bha Anna a' faireachdainn nuair a choisich i air falbh?

Bha i toilichte nach do thagh i an cù geal.	
Bha i feargach nach robh dachaighean aig na coin.	
Bha i duilich nach b' urrainn dhi dachaigh a thoirt dhan chù.	

1

5. Càite an robh an cù dubh na sheasamh?

---

1

6. Ciamar a bha fhios aig Anna gur e seo an cù a bha i ag iarraidh?

---



---

2

7. Dè bhiodh an cù a' dèanamh nuair a fhuair iad dhachaigh an toiseach?

---

1

8. Ainmich **dà** rud a bhiodh a' cur an eagail air Zac aig an toiseach?

---



---

2

9. Dè seòrsa rudan a bhios Zac a' dèanamh gach latha?

Rudan èibhinn agus amaideach.	
Rudan gòrach agus annasach.	
Rudan math agus dona.	

1  
(12)  
[25]

[CRÌOCH ROINN A-ÈISTEACHD]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

**[DUILLEAG FHALAMH]**

**[DUILLEAG FHALAMH]**

**MARKER'S GRID**

Candidate Name	
Candidate Number	
Section A	Èisteachd 25
Section B(i)  B(ii)	Leughadh 25
	Sgriobhadh 25
<b>Grand Total</b>	75

# X229/102

---

TEISTEANAS  
NÀISEANTA  
2010

DICIADAIN, 2 OGMIOS  
1.00 PM – 1.30 PM

GÀIDHLIG  
MEADHAN ÌRE 1  
Roinn A: Èisteachd  
(Earrann)

**This paper must not be seen by any candidate**

The material overleaf is provided for use in an emergency only (eg the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



## **Tha mionaid agaibh airson na ceistean a leughadh**

**(The passage below should be read in approximately 2 minutes)**

**Tha Anna NicLeòid a' bruidhinn mu pheataichean.**

### **Pàirt 1**

Bhon a bha mi beag, biodach, bha meas mòr agam air coin. Bhithinn a' coimhead le farmad air daoine a' coiseachd anns a' phàirc le cù. Gu mì-fhortanach, cha d' fhuair mi ach iasg òir mar pheata nuair a bha mi òg. Cha chuir e iongnadh mòr air duine sam bith aig an robh iasg òir riamh nach do mhair an creutair bochd ach seachdain ged a bha mi air a h-uile goireas a cheannach dha.

Bha mo mhàthair riamh den bheachd nach bithinn comasach air smachd a chumail air cù agus gun robh mi ro leisg airson a bhith coiseachd leis a h-uile madainn. Creididh mi gun robh i ceart oir chan eil mi fhathast ro mheasail air èirigh tràth – cù ann no às!

Co-dhiù, còrr is bliadhna air ais, chuir mi romham cù fhaighinn dhomh fhìn mu dheireadh thall. 'S beag a bha fhios agam gum biodh obair cho mòr na lùib! Chaidh mi gu ionad an SSPCA ann an Glaschu. A' chiad uair a chaidh mi ann, cha robh dùil agam ach sealtainn air na coin agus 's dòcha, fuirm no dhà a lionadh. Gu deimhinne, cha robh mi an dùil cù a thoirt dhachaigh fom achlais an latha ud, ach siud an dearbh rud a thachair.

\* \* \*

**(After a gap of 2 minutes, read Pàirt 1 again and the associated questions, allowing time gaps as indicated in italics.)**

## **Tha Anna NicLeòid a' bruidhinn mu pheataichean.**

### **Pàirt 1**

Bhon a bha mi beag, biodach, bha meas mòr agam air coin. Bhithinn a' coimhead le farmad air daoine a' coiseachd anns a' phàirc le cù. Gu mì-fhortanach, cha d' fhuair mi ach iasg òir mar pheata nuair a bha mi òg. Cha chuir e iongnadh mòr air duine sam bith aig an robh iasg òir riamh nach do mhair an creutair bochd ach seachdain ged a bha mi air a h-uile goireas a cheannach dha.

Bha mo mhàthair riamh den bheachd nach bithinn comasach air smachd a chumail air cù agus gun robh mi ro leisg airson a bhith coiseachd leis a h-uile madainn. Creididh mi gun robh i ceart oir chan eil mi fhathast ro mheasail air èirigh tràth – cù ann no às!

Co-dhiù, còrr is bliadhna air ais, chuir mi romham cù fhaighinn dhomh fhìn mu dheireadh thall. 'S beag a bha fhios agam gum biodh obair cho mòr na lùib! Chaidh mi gu ionad an SSPCA ann an Glaschu. A' chiad uair a chaidh mi ann, cha robh dùil agam ach sealltainn air na coin agus 's dòcha, fuirm no dhà a lionadh. Gu deimhinne, cha robh mi an dùil cù a thoirt dhachaigh fom achlais an latha ud, ach siud an dearbh rud a thachair.

### **CEISTEAN**

1. Dè cho fad 's a tha Anna air a bhith measail air coin?

(30 seconds)

2. Ciamar a bhiodh i a' faireachdannuair a chitheadh i cuideigin a' coiseachd anns a' phàirc le cù?

Bhiodh i toilichte, no

Bhiodh an t-eagal oirre, no

Bhiodh farmad oirre.

(30 seconds)

3. Dè fhuair i mar pheata nuair a bha i beag?

(30 seconds)

4. Dè thachair don pheata sin?

(30 seconds)

5. Carson nach robh a màthair airson cù fhaighinn dhi?

(30 seconds)

**[Tionndaidh an duilleag**

6. Carson a tha Anna den bheachd gun robh a màthair ceart?

(30 seconds)

7. Cuin a rinn i suas a h-inntinn cù fhaighinn?

(30 seconds)

8. Cò air nach do smaoinich i mus d' fhuair i cù?

Gum biodh e cho daor, no

Gum biodh obair mhòr na lùib, no

Gum biodh coin cho crosta

(30 seconds)

9. Dè bha i am beachd a dhèanamh a' chiad latha a chaidh i gu Ionad SSPCA?

(30 seconds)

10. Dè thachair an latha ud?

(30 seconds)

**Candidates have one minute at this point to read the questions for Pàirt 2.**

**(The passage below should be read in approximately 2 minutes.)**

**Tha Anna fhathast a' bruidhinn.**

**Pàirt 2**

Sheall mi air na coin air fad agus bha suas ri dà cheud dhiubh ann. Bha cù mòr geal ann agus chanadh tu gun robh e air a ghlùinean ag ùrnaigh airson dachaigh ùr. Ach bha e naoi bliadhna a dh'aois agus 's e cù òg a bha mise ag iarraidh. Chrom e a cheann nuair a choisich mi air falbh agus cha mhòr nach do bhris mo chridhe.

Ach ghlac cù beag dubh le broilleach geal m' aire thall ann an oisean. Cha robh beatha ro mhath air a bhith aig a' chù seo agus cha robh e idir cleachdte ri daoine. Ach bha aodann cho snog agus sùilean cho mòr agus cho cruinn aige 's gun do thuig mi sa bhad gur e sin am fear a bha mi ag iarraidh. Nuair a thug mi dhachaigh an toiseach e, cha robh càil na cheann ach a bhith a' ruith air falbh bhuam. Bha eagal cho mòr air ron a h-uile càil – daoine, fuaimean agus càraichean.

Beag air bheag, ge-tà, tha Zac a' fàs nas misneachaile agus nas cofhurtail. Tha e uabhasach luath air rudan ionnsachadh agus chan eil latha a' dol seachad far nach dèan Zac rudeigin èibhinn no amaideach. Nam biodh comas bruidhne aige, saoilidh mi gun toireadh e taing dhomh airson cothrom a thoirt dha.

\* \* \*

**(After a gap of 2 minutes, read Pàirt 2 again, and the associated questions, allowing time gaps as indicated in italics.)**

**[Tionndaidh an duilleag**

## **Tha Anna fhathast a' bruidhinn.**

### **Pàirt 2**

Sheall mi air na coin air fad agus bha suas ri dà cheud dhiubh ann. Bha cù mòr geal ann agus chanadh tu gun robh e air a ghlùinean ag ùrnaigh airson dachaigh ùr. Ach bha e naoi bliadhna a dh'aois agus 's e cù òg a bha mise ag iarraidh. Chrom e a cheann nuair a choisich mi air falbh agus cha mhòr nach do bhris mo chridhe.

Ach ghlac cù beag dubh le broilleach geal m' aire thall ann an oisean. Cha robh beatha ro mhath air a bhith aig a' chù seo agus cha robh e idir cleachdte ri daoine. Ach bha aodann cho snog agus sùilean cho mòr agus cho cruinn aige 's gun do thuig mi sa bhad gur e sin am fear a bha mi ag iarraidh. Nuair a thug mi dhachaigh an toiseach e, cha robh càil na cheann ach a bhith a' ruith air falbh buam. Bha eagal cho mòr air ron a h-uile càil – daoine, fuaimean agus càraichean.

Beag air bheag, ge-tà, tha Zac a' fàs nas misneachaile agus nas cofhurtail. Tha e uabhasach luath air rudan ionnsachadh agus chan eil latha a' dol seachad far nach dèan Zac rudeigin èibhinn no amaideach. Nam biodh comas bruidhne aige, saoilidh mi gun toireadh e taing dhomh airson cothrom a thoirt dha.

### **CEISTEAN**

1. Cia mheud cù a bha anns an ionad uile gu lèir?  
*(30 seconds)*
2. A rèir Anna, dè bha an cù mòr geal ag iarraidh?  
*(30 seconds)*
3. Carson nach robh an cù seo freagarrach?  
*(30 seconds)*
4. Ciamar a bha Anna a' faireachdainn nuair a choisich i air falbh?  
Bha i toilichte nach do thagh i an cù geal, no  
Bha i feargach nach robh dachaighean aig na coin, no  
Bha i duilich nach b' urrainn dhi dachaigh a thoirt dhan chù  
*(30 seconds)*
5. Càite an robh an cù dubh na sheasamh?  
*(30 seconds)*
6. Ciamar a bha fhios aig Anna gur e seo an cù a bha i ag iarraidh?  
*(30 seconds)*
7. Dè bhiodh an cù a' dèanamh nuair a fhuair iad dhachaigh an toiseach?  
*(30 seconds)*

8. Ainmich **dà** rud a bhiodh a' cur an eagail air Zac aig an toiseach?

(30 seconds)

9. Dè seòrsa rudan a bhios Zac a' dèanamh gach latha?

Rudan èibhinn agus amaideach, no

Rudan gòrach agus annasach, no

Rudan math agus dona

(30 seconds)

[*CRÌOCH NAN EARRANN*]

[*CRÌOCH A' PHÀIPEIR*]

**[DUILLEAG FHALAMH]**

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

Total Mark  
(Leughadh)

--

**X229/103**

TEISTEANAS  
NÀISEANTA  
2010

DICIADAIN, 2 ÒGMHIOS  
1.50 PM – 3.10 PM

GÀIDHLIG  
MEADHAN ÌRE 1  
Roinn B(i): Leughadh  
Roinn B(ii): Sgrìobhadh

Na fosgail am pàipear seo gus an tèid iaraidh ort.

**Lòn na bogsachean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-iosal.**

Làn ainm sgoile no colaiste

--

Baile

--

Ciad ainm(ean)

--

Sloinneadh

--

Latha breith

Là Mios Bliadhna Àireamh an oilleanach

--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Àireamh an t-suidheachain

--

Tha 50 comharradh anns a' phàipear seo.

**Earrann B(i) Leughadh—Fiosrachadh**

Leugh an earrann Ghàidhlig gu faiceallach, agus an uair sin freagair na ceistean, a' tòiseachadh le Ceist 1.

Nuir a shaoileas tu gur aithne dhut freagairt ceiste, sgrìobh am freagairt **ann an Gàidhlig** anns a' bheàrn. (Chan eil e air a shùileachadh gun lion thu na beàrnan uile.)

**Earrann B(ii) Sgrìobhadh**

Sgrìobh do fhreagairt anns an leabhran a thèid a thoirt dhut.

Fàg ùine gu leòr airson gach earrann a chriochnachadh.



**EARRANN****UIRCEAN ANN AM BÒTANNAN**

'S iomadh rud uabhasach a nochdas anns na naidheachdan. A h-uile turas a chuireas tu air an rèidio, a choimheadas tu air an T.Bh no a thogas tu pàipear-naidheachd, tha droch naidheachd gad fheitheamh. 'S gann gu bheil seachdain a' dol seachad far nach cluinn sinn mu aimhreit ann an dùthaich thall thairis, tubaistean uabhasach air na rathaidean no banca a tha a' dol fodha. Tha telebhisean air ar fàgail le dealbhan cumhachdach de dh'iomadh tachartas mòr thairis air na bliadhnaichean. Bha buaidh aig 9/11 ann an New York agus an Tsunami oirnn uile. Tha ìomhaighean à Afraga a' toirt air miltean dhaoine airgead a thoirt seachad do bhuidhnean carthannais a h-uile turas a nochdas iad air an telebhisean.

Ach, an tug thu an aire riamh gu bheil luchd-naidheachd an còmhnaidh a' feuchainn ri sgeulachd aotrom a thoirt dhuinn am measg a' bhròin? Cluinnidh sinn sgeulachdan mu rudan mìorbhaileach a rinn cuideigin ann an suidheachadh eiginneach no mu sheinneadair ceòl pop a fhuair aodach ùr. Chuala mi sgeulachd as t-samhradh, ge-tà, a thog mo chridhe agus a thug gàire orm aig an aon àm.

Is fior thoil le luchd-naidheachd sgeulachdan mu bheathaichean agus tha e gu math follaiseach gun do ghlac sgeulachd Cinders, uircean beag a bha sia seachdainean a dh'aois, aire nam meadhanan. Bha a h-uile coltas air Cinders gun robh i mar a bha a h-uile uircean eile anns a' phàirc ach 's ann a tha Cinders a-nise ainmeil air feadh na dùthcha. Dè rinn i a bha cho annasach? Uill, rugadh Cinders air tuathanas an ceann a tuath Shasainn ach thug teaghlaich an tuathanaich an aire nach robh Cinders deònach a bhith a' cluich anns a' pholl còmhla ri a peathraighean is a bràithrean. Sheasadh i ann an oisean fad an t-siubhail air chrith leis an eagal fhad 's a bhiodh càch a' cluich. Cò chreideadh nach biodh uircean measail air poll?

Bhuail e air nighean bheag an tuathanaich gum biodh e math paidhir bhòtannan fhaighinn do Cinders agus siud agad na rinn iad. Chunnaic an saoghal dealbhan de Cinders is bòtannan beaga uaine oirre. Bha i a-nis a' cluich gu sunndach anns a' pholl oir bha a casan glan, tioram.

Ged a rugadh Cinders air tuathanas-mhuc a tha a' reic feòil ri na bùthan mòra, chan eil a beatha ann an cunnart idir. Dh'fhàs an teaghlaich cho measail oirre agus tha iad cho toilichte gun d' fhuair i seachad air na trioblaidean aice 's gu bheil i a-nise mar pheata. Tha a h-uile coltas ann gum bi i a' ruith timcheall an tuathanais na bòtannan beaga airson ùine fhada.

## CEISTEAN

1. A rèir an sgrìobhadair, dè tha gad fheitheamh air an rèidio, air an T.Bh agus anns na pàipearan-naidheachd?

Deagh naidheachd	
Droch naidheachd	
Breugan	

1

2. Dè na rudan a chluinneas sinn anns na naidheachdan gach seachdain?

---



---



---

3

3. Dè a' bhuaidh a tha aig ìomhaighean à Afraga air daoine nuair a chì iad iad air an telebhisean?

---



---

2

4. A bharrachd air na sgeulachdan duilich, dè eile tha luchd-naidheachd a' feuchainn ri thoirt dhuinn?

Sgeulachdan aotrom	
Fios mun t-side	
Fios mu phrògraman T.Bh	

1

5. Innis mun bhuaidh a bha aig an sgeulachd a chuala e as t-samhradh air an sgrìobhadair.

---



---

2

**[Tionndaidh an duilleag]**

Comharraidhean	
	2
	2
	2
	2
	2
	2
	1
	1
	2

6. Cò a bh' ann an Cinders?

---



---

7. Càite an do rugadh i?

---



---



---

8. Carson nach robh Cinders coltach ri a peathraighean is a bràithrean?

---

9. Dè dhèanadh Cinders fad an t-siubhail?

---



---

10. Dè bha doirbh a chreidsinn?

Cho spòrsail 's a bha na h-uirceanan	
Gun robh an tuathanas cho salach	
Nach biodh uircean measail air poll	

11. (a) Dè fhuair an teaghlaich do Cinders?

---

(b) Ciamar a dh'atharraich Cinders an uair sin?

---



---

12. Dè tha a' tachairt dhan fheòil bhon tuathanas-mhuc?

---

---

2

13. Carson a tha Cinders a-nise na peata aig teaghlaich an tuathanaich?

---

---

2

(25)

[*CRÌOCH ROIENN B(i)—LEUGHADH*]

**[Tionndaidh an duilleag**

**Roinn B(ii): Sgrìobhadh**

**Ùine: 40 mionaid (moladh)**

**Sgrìobh air AON de na cuspairean a leanas.**

- | Comharaidhean                      |      |
|------------------------------------|------|
| 1. Fiolm a chòrd rium.             | (25) |
| 2. Burraidheachd tron eadar-lion.  | (25) |
| 3. Obair dachaigh: math no dona?   | (25) |
| 4. An sianal telebhisean Gàidhlig. | (25) |
| 5. An taigh ùr.                    | (25) |
| 6. Duine èibhinn as aithne dhomh.  | (25) |
| 7. A' chiad uair . . .             | (25) |
| 8. An consairt.                    | (25) |

[*CRÌOCH ROINN B(ii)—SGRÌOBHADH*]

[*CRÌOCH A' PHÀIPEIR*]

**[DUILLEAG FHALAMH]**

**[DUILLEAG FHALAMH]**